

Litir do Luchd-ionnsachaidh

le Ruairidh MacIlleathain

Taigh Bhoth Fhleisginn (3)

A special programme, in the form of a “letter”, designed for Gaelic learners who already have some knowledge of the language. A short vocabulary and comments on points of grammar and figures of speech are included with the text. If you have comments, Ruairidh can be contacted at rodny.macleon@bbc.co.uk. This is Litir 1,131. Note that there is also a simplified version called An Litir Bheag which is likewise available on the BBC website. Litir Bheag 827 corresponds to Litir 1,131.

Bha mi ag innse dhuibh mu Aleister Crowley agus Taigh Bhoth Fhleisginn. Nuair a bha e ann an Lunnainn, thachair Crowley ri fear a bha an sàs ann am buidheann ris an cainte *The Hermetic Order of the Golden Dawn*. Bha na buill an sàs ann an draoidheachd de dh’iomadh seòrsa. Am measg nam ball, bha an sgrìobhadair ainmeil W. B. Yeats. Cha b’ fhada gus an robh Aleister Crowley fhèin na bhall.

Dh’ionnsaich Aleister mu dheas-ghnàthan draoidheil agus mar a bhiodh cleachdadh dhrogaichean **mar phàirt dhiubh**. ’S ann goirid an dèidh sin a cheannaich e Taigh Bhoth Fhleisginn.

Chaidh Crowley agus cuid de mhuintir *Golden Dawn* a-mach air a chèile gu dubh. Bha cuid mì-thoilichte leis an dol a-mach feiseil aig Crowley. Bha e dà-sheòrsach agus bha iomadh cèile feiseil aige – boireannaich agus fireannach. Ge-tà, phòs e tè Shasannach, Rose Kelly, ann an naoi ceud deug ’s a trì (1903). Bha dithis chloinne aca còmhla agus thachair rudeigin ‘spioradail’ don chàraid nuair a bha iad air mìos nam pòg anns an Èiphit. Ach an dèidh ochd bliadhna chaidh Rose a chur do dh’ospadal dhaibhsan a bha a’ fulang le **buaidh na dibhe** agus tinneas-inntinn.

Chruthaich Crowley nàdar de chreideamh air a bheil *Thelema*. Tha an t-ainm stèidhichte air facal às an t-Seann Ghreugais. Tha *Thelema* a’ dol fhathast. Gu ìre, tha an creideamh stèidhichte air leabhar beag ris an canar Leabhar an Lagh. Bha Crowley a’ cumail a-mach gun do sgrìobh e an leabhar nuair a bha e ag èisteachd ris na briathran aig nàdar de dh’aingeal, air an robh Aiwass mar ainm. Sgrìobh e sìos briathran Aiwass facal air an fhacal. No, ’s e sin a bha e fhèin a’ cumail a-mach.

Fhuair Crowley cuidhteas Taigh Bhoth Fhleisginn ann an naoi ceud deug is ceithir-deug (1914). Goirid an dèidh sin, sheòl e dha na Stàitean Aonaichte. Tro bhliadhnaichean a’ Chogaidh Mhòir, bha e a’ coiteachadh às leth na Gearmailt ann an New York. Chuir sin fearg air mòran Bhreatannach. Bha iad dhen bheachd gun robh Aleister ri fealltachd an aghaidh Bhreatainn. Ge-tà, ’s ann a bha e ag obair às leth nan seirbheisean brathaidh Breatannach, a’ dèanamh brathadh air Gearmailtich ann an Ameireagaidh.

Anns na ficheadan, bha e ann an Sicily greis. Bha e ag iarraidh abaid a thogail far am biodh daoine an sàs ann an deas-ghnàthan Thelema. A rèir choltais, bha Crowley fo dhroch bhuidheann dhrogaichean mun àm sin. Chaochail fear dhen luchd-leantainn aige an sin. Bha an riaghaltas faisisteach aig Benito Mussolini mì-thoilichte le Aleister agus dh’iarr iad air an dùthaich fhàgail sa bhad.

Chaochail Crowley ann an Sasainn ann an naoi ceud deug, ceathrad 's a seachd (1947). Ach tha Taigh Bhoth Fhleisginn fhathast cliùmhòr. Anns na seachdadan is ochdadan bha e leis an fhear-chiùil Jimmy Page on chòmhlàn ainmeil Led Zepellin. Chaidh a sgrìobhadh le teine o chionn beagan bhliadhnaichean ach tha e a-nise le buidheann-chathrannais ionadail. Tha planaichean aca an taigh a leasachadh mar àite-fuirich agus mar àite-taisbeanadh. Cha tàinig sgeul fada Thaigh Bhoth Fhleisginn gu crìch fhathast.

* * * * *

Faclan na Litreach: Taigh Bhoth Fhleisginn: *Boleskine House*; tinneas-inntinn: *mental illness*; An t-Seann Ghreugais: *Ancient Greek*; Leabhar an Lagh: *The Book of the Law*; facal air an fhacal: *word-for-word*; deas-ghnàthan: *ceremonies*; faisisteach: *fascist*; cliùmhòr: *renowned*; buidheann-chathrannais: *charity group*.

Abairtean na Litreach: Bha na buill an sàs ann an draoidheachd: *the members were involved in magic, sorcery*; cha b' fhada gus an robh X fhèin na bhall: *it wasn't long until X himself was a member*; chaidh X agus Y a-mach air a chèile gu dubh: *X and Y fell out badly with each other*; mì-thoilichte leis an dol a-mach feiseil aig X: *unhappy with X's sexual behaviour*; bha e dà-sheòrsach agus bha iomadh chèile feiseil aige: *he was bisexual and had many sexual partners*; thachair rudeigin 'spioradail' don chàraid nuair a bha iad air mìos nam pòg anns an Èiphit: *the couple had a 'spiritual' experience when they were on [their] honeymoon in Egypt*; nàdar de chreideamh air a bheil X: *a sort of religion called X*; bha X a' cumail a-mach gun do sgrìobh e an leabhar nuair a bha e ag èisteachd ris na briathran aig nàdar de dh'aingeal: *X was maintaining that he wrote the book when he was listening to the words of a sort of angel*; fhuair X cuidhteas Y: *X got rid of Y*; a' coiteachadh às leth na Gearmailt: *lobbying on behalf of Germany*; ri fealltachd an aghaidh Bhreatainn: *involved in treason against Britain*; 's ann a bha e ag obair às leth nan seirbheisean brathaidh Breatannach, a' dèanamh brathadh air Gearmailtich: *he was actually working for the British security services, spying on Germans*; fo dhroch bhuaidh dhrogaichean mun àm sin: *under the bad influence of drugs around that time*; chaochail fear dhen luchd-leantainn aige: *one of his followers died*; mar àite-fuirich agus mar àite-taisbeanadh: *as a residence and exhibition space*.

Puing-chànain na Litreach: buaidh na dibhe: *the effect of alcohol*. Dibhe is the genitive singular of the feminine noun deoch 'drink' (with a presumption that, without qualification e.g. deoch uisge, deoch bainne, an alcoholic beverage is meant). It should properly be dighe but the 'gh' is so commonly pronounced like a 'bh' (cf. leughadh 'reading' which is often pronounced 'leubhadh') that it is regularly written dibhe today. Fo bhuaidh na dibhe is a common expression for 'under the influence of alcohol'. The more serious disease of alcoholism is tinneas na dibhe or alcolachd.

Gnàthas-cainnt na Litreach: mar a bhiodh cleachdadh dhrogaichean mar phàirt dhiubh: *how the use of drugs would be part of them*.

Tha "Litir do Luchd-ionnsachaidh" air a maoinachadh le MG ALBA